FOD MHEÒIR

# AN FHÌDEAG ALBANNACH

**LE FRAN GRAY**



FOD MHEÒIR

# AN FHÌDEAG ALBANNACH

## CLÀR-INNSE


**Ro-ràdh** 4
**Mus tòisich thu, dà rud feumail** 5
**A' cur eòlas air an fhìdeig agad** 6

**Nota 0 / Nota C#** 7
**Nota 1 / Nota B** 7
**Càr poilis!** 7

**Buillean agus bàraichean** 8
**Nota 2 / Nota A** 8

**Tàladh** 9
**Bha uan aig Màiri** 9

**Nota 3 / Nota G** 10
**Port mèarrsaidh Erlend** 10

**Notaichean 4, 5, 6 / Notaichean F#, E is D** 11

**Priobadh, priobadh, rionnag bheag** 12
**Katie Bairdie** 12

**Còrd-briste** 13
**An còineachan** 13

**Notaichean nas giorra** 14
**The wee yin's waltz** 14/15

**Nota 6 àrd (6') / Nota D àrd (D')** 16
**Sgèile D màidsear** 16

**Caol Muile** 17

**A' ceangal** 18
**Coulter's candy** 18

**Fòghnan na h-Alba** 19

**O gin I were where the Gadie rins** 20
**Kate Dalrymple** 20

**An ruitheam dhotagach** 21
**Skye boat song** 21

**Bonnie George Campbell** 22
**O mìorbhail gràis** 22

**The silver lapwing** 23

**Maiseachadh (notaichean-maise)** 24

**Wha wouldna' fecht for Chairlie** 25
**Huntingtower** 25

**Sràicean** 26
**Leezie Lindsay** 26

**An roile** 27
**Puirt chruinne agus tìm fhillte** 27

**Cock o' the north** 28

**Banjo breakdown** 29

**A' dol suas san t-saoghal (mu shèideadh làidir)** 30
**Scotland the brave** 31

**Sgèilean agus gleusan**
**D màidsear and G màidsear** 32
**Meal do naidheachd an-diugh!** 32

**Auld lang syne** 33
**Ye banks and braes** 33

**Terribus** 34

**Willafjord** 35

**Brochan lom** 36
**'S ioma rud tha dhìth orm** 36

**Harvest home** 37

**Turas na circe a mhullach na sitig** 38

**Notaichean luatha ath-chluichte-semicuèbhearan** 39

**Trusaidh mi na coilleagan** 40
**Bodachan a' mhìrein** 40

**Na notaichean a chluicheas tu air fìdeig D** 41

**Faclan feumail airson ceòl a leughadh** 42

**Cairt-chleith** 43



**Chruthaich Fran Gray na fuinn Port mèarrsaidh Erlend agus The Silver Lapwing.**
**Chruthaich Ian Lowthian am fonn The Wee Yin's Wattz agus tha e san leabhar seo le chead. Tha na fuinn eile san leabhar fo chead poblach.**

**© Taigh na Teud 2005**

A' Ghàidhlig © Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth Riaghaltas na h-Alba.

ISBN 987-1-907054-34-1

A' chiad fhoillseachadh sa Bheurla 2005 le:

Taigh na Teud
13 Breacais Àrd
An t-Eilean Sgitheanach
Alba
IV42 8PY

A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2010 le:
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig
11/12 Acarsaid, Cidhe Sràid Chrombail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
Alba
HS1 2DF

Fhuair Stòrlann cuideachadh leis an fhoillseachadh seo bho Fhèisean nan Gàidheal.
Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn cuideachadh bho Bhòrd na Gàidhlig.

Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

Faodar èisteachd air-loidhne ris na puirt anns an leabhar seo (ach td 23 agus bonn td 25), ris an teacsa air fad agus ri cuid de na puirt air an canntaireachd aig www.storlann.co.uk/an-fhideag. Cluinnear cuideachd dhà no trì phuirt eile air an cluich agus air an canntaireachd.

Tha catalog de ar leabhraichean ri fhaotainn bhon fhoillsichear.

Dealbhadh nan duilleagan: Johnstondesign
Taing do: Dougie Beck (an fhìdeag), Seòna NicCarmaig (leughadh)
agus Rona Lightfoot (canntaireachd). Tha sinn fada nan comain.
Air a chlò-bhualadh is air a chur ri chèile le Taigh na Teud.

Tha Fran Gray air ceòl a theagasg do dhaoine de gach aois, agus bha i ag obair do ghrunnan ùghdarrasan foghlaim, airson suas ri 40 bliadhna. Bha i cuideachd a' teagasg aig mòran sgoiltean-samhraidh, bùithtean-obrach deireadh-seachdaineach agus aig clasaichean oidhche. Bho chionn ghoirid leig i dhith a dreuchd mar thidsear agus tha i air tòiseachadh air stuthan teagaisg a sgrìobhadh, a' cleachdadh fhonn Albannach sa bhitheantas. Tha Fran pòsta le aona mhac agus tha i a' fuireach agus ag obair ann an Arcaibh.

Tha còraichean a' chànain `dabba-do' anns an leabhar seo glèidhte le Fran Gray. Le a cead, dh'atharraich sinn 'hold' gu 'cùm' agus 'don't' gu 'dad'.
Airson tuilleadh stuthan sgrìobhte airson na fìdeig cuir fios gu Fran Gray aig fran@accordion.wanadoo.co.uk

Air a chlò-bhualadh is air a chur ri chèile ann am Breatainn le Bell & Bain Earr., Glaschu

# Fod Mheòir:An Fhìdeag Albannach

**le Fran Gray**

Taoitear airson fìor luchd-tòiseachaidh

An robh thu riamh ag ràdh riut fhèin gun còrdadh e riut ionnsramaid ciùil a chluich ach, aig an aon àm, a' smaoineachadh nach biodh sin idir comasach dhut? Ma bha, seo do chothrom dearbhadh dhut fhèin gu bheil e comasach dhut!

- A thaobh cosgais, meud, cuideam, raon notaichean agus an seòrsa ciùil a chluicheas i, chan fhaigh thu nas fheàrr na an fhìdeag.

- Thèid an fhìdeag, gun dragh, nad phòcaid 's cha bhi fios aig duine gu bheil i agad – mar sin cha bhi thu a' faireachdainn nàrach ga giùlan mun cuairt!

- An-diugh, chì thu luchd-ciùil proifeiseanta agus saor-thoileach a' cluich na fìdeig ann an còmhlain-ciùil thraidiseanta agus tha sin a' dearbhadh gu bheil sean is òg measail oirre.

- Leis an leabhar seo, faodaidh tu ionnsachadh mar a leughas tu ceòl, no faodaidh tu fuinn ionnsachadh le bhith a' cleachdadh àireamhan (no an dà chuid!) 'S e rud ùr mun leabhar seo gu bheil an dà chuid taobh ri taobh air an duilleig. Tha a' chairt-chleith na rud ùr cuideachd. Ro thric bidh sgoilearan a' coinneachadh ri cus fiosrachaidh air duilleig. Falaichidh a' chairt-chleith na rudan nach fheum thu fhaicinn aig àm àraid. (Ach faodaidh sùilean geura a bhith a' coimeas an dà sheòrsa notaireachd ma thogras iad!) Ann an ùine ghoirid bidh thu air chomas puirt shìmplidh a chluich.

- Tha an dòigh anns a bheil an cliath-notaireachd àbhaisteach agus an clàr-notaireachd (leis na h-àireamhan) air an cur taobh ri taobh ga dhèanamh furasta an ceòl a thogail na bhìdeagan beaga. Tha gach loidhne air a dealbh gu cùramach gus gun gabh i a leughadh agus a h-ionnsachadh mar earrainn. Tha na fuinn air an taghadh is air an cur an òrdugh gu cùramach cuideachd gus gum bi an cùrsa a' fàs nas dorra beag air bheag. Mar sin, tha e air a mholadh gun obraich thu tron leabhar duilleag air dhuilleig.

**Ma chumas tu ris agus ma bhios tu a' cluich gu cunbhalach, bidh thu air chomas stoidhle sam bith de cheòl a chluich.**

## Chan fheum thu càil ach. . .

- beagan tìde gach latha, agus mòran sunnd airson cluich . . .
- a bhith air chomas cunntas gu 6 . . .
- 6 meuran (3 air gach làimh) . . .
- a bhith air chomas anail a thoirt a-steach agus a leigeil a-mach!

## Tòisich leis an fhìdeig D

'S i an fhìdeag D as trice a bhios daoine a' cluich. Leugh romhad agus tuigidh tu carson.

An dòchas gun còrd e riut!
Fran Gray

# Fiosrachadh feumail
# mus tòisich thu

### 1. Facal mu ghleus

Tha 29.5cm san fhìdeig D bho beul gu bonn. Seo an fhìdeag as fheàrr airson tòiseachadh oirre. Tha i a' cluich ann an gleus D. *

Ach, gabhaidh fonn sam bith a chluicheas tu air an fhìdeig D a chluich air fìdeig sam bith eile. Mar as giorra an fhìdeag 's ann as àirde a gleus, agus mar as fhaide an fhìdeag 's ann as ìsle a gleus. Nam biodh tu airson port a chluich ann an C an àite D (aon nota nas ìsle) b' e an dòigh a b' fhasa sin a dhèanamh a dhol a-mach is fìdeag C a cheannach!

Ach tha e feumail fios a bhith agad gun cluich an fhìdeag D, gun mhòran dragh, ann an gleusan càirdeach, leithid G, A, B mìnear agus E mìnear. Sin na gleusan as cumanta ann an ceòl traidiseanta na h-Alba, 's dòcha air sgàth 's gur e G, D, A agus E gleusan nan teudan fosgailte air an fhidhill. Seo agad aon de na prìomh adhbharan an fhìdeag D a mholadh airson toiseach tòiseachaidh.

### 2. Mar a cleachdas tu a' chairt-chleith

Theirig gu cùl an leabhair agus geàrr air an loidhne dhotagaich airson an duilleag mu dheireadh (43) a thoirt às. Paisg i mun loidhne sa mheadhan. Cuir glaodh air an taobh bhàn, paisg i a-rithist agus steig an dà leth ri chèile. Seo do **chairt-chleith**.

Nuair a thòisicheas tu air port ùr a chluich air duilleig ùir, chì thu gu bheil an duilleag uaireannan air a roinn na dà leth le loidhne bho a mullach gu a bonn. An toiseach, cleachd do **chairt-chleith** airson an **taobh deas** fhalach. Chan fhaic thu an uair sin ach dìreach na bogsaichean leis na h-àireamhan. Is e **clàr-notaireachd**** a chanas sinn ri seo. Tha na h-àireamhan ag innse mar a chluicheas tu na notaichean agus tha na bogsaichean ag innse dè cho fada 's a mhaireas na notaichean.

Nuair a tha thu glè chinnteach gun urrainn dhut an taobh seo a chluich, gluais do **chairt-chleith** chun an **taoibh chlì**. Chan fhaic thu an uair sin ach an ceòl sgrìobhte ann an notaichean anns an dòigh ris an can sinn **cliath-notaireachd**. Tha còig loidhnichean ag innse dhut dè an nota a tha thu a' cluich agus tha cumadh agus dath na nota ag innse dhut dè cho fada 's a mhaireas i. **Feuch an tèid agad air an aon cheòl a chluich a' cleachdadh na notaireachd seo.*****

**Tha a h-uile càil a bhuineas don dà notaireachd a' ruith tarsainn na duilleig — chan eil e idir air a roinn na dhà leth.**

---

**Na gabh dragh mura bheil thu cinnteach dè tha "gleus" a' ciallachadh. Thèid sin a mhìneachadh dhut a-rithist.*

*** Ionnsaichidh clasaichean de sgoilearan le measgachadh chomasan mar a chluicheas iad le bhith gan teagasg leis an notaireachd seo. Mar as trice, bidh clann glè òg air chomas àireamhan is rannan-àireamhan ionnsachadh mus ionnsaich iad litrichean is faclan.*

****Is toigh leis a' chuid mhòir de sgoilearan a bhith a' coimeas an dà sheòrsa notaireachd. Tha luchd-ciùil air feadh an t-saoghail air a bhith a' cleachdadh cliath-notaireachd airson linntean. Tha mòran dhòighean air an cleachdadh an-diugh airson ceòl a sgrìobhadh — agus is e dòigh mhath a tha ann an dòigh sam bith a dh'ionnsaicheas do dhaoine mar a chluicheas iad le misneachd. Ach, air a' cheann thall, bidh a' mhòr-chuid airson "notaichean dòigheil" a leughadh.*

# A’ cur eòlas air an fhìdeig agad

’S e ionnsramaid ciùil fìor shìmplidh a th’ anns an fhìdeig, agus tha i uabhasach saor ri cumail suas. Cha bhi agad ri ribheid no teud a cheannach, no ri pàigheadh airson a gleusadh. Chan eil pìos sam bith dhith a’ gluasad agus mar sin cha bhi feum aice air a càradh. Chan fheum thu ach a nighe gu tric airson a beul a chumail glan agus a suathadh le clobhd airson a cumail gleansach.

**1.** Canaidh sinn **beul** ris a’ cheann a bhios tu a’ cur nad **bheul**!
**2.** Canaidh sinn **an uinneag dhraoidheil** ris a’ phìos a bhios a’ toirt fuaim na fìdeig dhuinn (’S e **‘fipple’** an t-ainm spaideil a th’ air sa Bheurla.)



Cha bu chòir do bheul na fìdeig a bhith a’ suathadh nad fhiaclan. Ma bhitheas, brisidh am plastaig ri tìde! Dìreach cùm a beul eadar do bhilean agus sèid **gu h-aotrom, socair**.




**3.** Bheir **na tuill** notaichean le **pitsichean** eadar-dhealaichte dhut. Tha gach toll air ainmeachadh le àireimh eadar **1** agus **6**.

Tha **Toll 1** aig a’ mhullach – am fear as fhaisge air beul na fìdeig. Tha **Toll 6** aig a bonn.

**A’ meurachadh na fìdeig**
Nuair a bhios tu a’ cluich na fìdeig, cleachd do **làmh chlì** air na tuill 1 - 3, an fheadhainn as fhaisge air a’ mhullach, agus do **làmh dheas** air tuill 4 – 6.

Tha ionnsramaidean gaoithe air an dèanamh airson an cluich leis an làimh chlì aig a’ mhulllach agus, mar sin, bu chòir tòiseachadh leis a’ chleachadadh sin, eadhon ged a bhiodh e comasach an fhìdeag a chluich air rathad eile.



## NOTA 0



## NOTA C#

**(C bhiorach)**



(Seall air td 41 is tuigidh tu carson is e C bhiorach a chanas sinn rithe).

Airson an nota seo a chluich sèid an fhìdeag agus na **sia tuill fosgailte — gun mheur air gin! Furasta!**

## TEANGACHADH

Tòisich gach nota le fuaim 't' socair le bàrr do theanga air cùl d' fhiaclan.
Mar sin bidh fuaim gach nota nas pongaile agus mòran nas proifeiseanta.
Bho seo a-mach, cuimhnich: **sèid gu socair** agus **teangaich gach nota**.

A-NIS FALAICH TAOBH DEAS NA DUILLEIG LE DO CHAIRT-CHLEITH!

**Cluich –** 0 0 0 0

Falaich an taobh seo den duilleig a-nis agus coimhead air mar a nochdas nota 0 ann an cliath-notaireachd (cliath le còig loidhnichean).



**Cluich**



---

## NOTA 1



## NOTA B



**Càr poilis!**

Cluich

| **0** | **1** | **0** | **1** |
|---|---|---|---|
| **nì -** | **neò** | **nì -** | **neò** |

A-nis falaich an taobh seo den duilleig, agus feuch an cluich thu 'Càr poilis' a' leughadh nan notaichean ann an cliath-notaireachd.



**Càr poilis!**

Cluich



# Buillean agus Bàraichean

FALAICH TAOBH DEAS NA DUILLEIG LE DO CHAIRT-CHLEITH AN TOISEACH

## Clàr-notaireachd

Leugh na bogsaichean bho **chlì gu deas.** Tha gach **bogsa** co-ionann ri **aon bhuille**.
Ma tha àireamh ann am bogsa, feumaidh tu **an nota sin a chluich** fad **aon bhuille**. (Smaoinich air buille thìmeil mar bhuille cridhe**.**)

| | | | |
|---|---|---|---|
| 0 | 0 | 0 | 0 |

| | | | |
|---|---|---|---|
| 0 | 0 | 1 | 1 |

| | | | |
|---|---|---|---|
| 0 | 1 | 0 | 1 |

| | | | |
|---|---|---|---|
| 0 | 1 | 0 | 0 |

Ma tha na bogsaichean ann an seataichean de cheithir, canaidh sinn gu bheil **ceithir buillean anns gach bàr**. Bidh **bàr-loidhne throm** eadar gach **bàr** agus **bàr-loidhne dhùbailte** aig an deireadh.
Tha **ceithir bàraichean** sa phort seo**,** agus tha **ceithir buillean** anns gach **bàr**.

## Cliath-notaireachd

Leugh na notaichean bho **chlì gu deas**.
Tha gach **croitseat** ♩ co-ionann ri **aon bhuille**. (Smaoinich air buille thìmeil mar bhuille cridhe.)



Anns a' phort seo tha ceithir notaichean aon-bhuille (croitseatan) anns gach **bàr**. Tha **bàr-loidhne** eadar gach **bàr** agus **bàr-loidhne dhùbailte** aig an deireadh.
Tha **ceithir bàraichean** sa phort seo, agus tha **ceithir buillean** anns gach **bàr**.

## Nota 2



## Nota A



Cùm meur 1 air toll 1. A-nis cuir meur 2 air toll 2.
An robh fios agad nach eil ach 7 litrichean anns an aibidil-chiùil? A, B, C, D, E, F, G
Chan eil a leithid de rud ann ri nota P no nota Z!

**Cluich a-rithist agus a-rithist:**

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 0 | 0 | 0 | 0 | 1 | 1 | 1 | 1 |

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 2 | 2 | 2 | 2 | 0 | 1 | 2 | 2 |



**Cluich a-rithist agus a-rithist:**



# Tàladh

*©Fran Gray*

Ma tha àireamh sa bhogsa, smaoinich “**do**”

Ma tha bogsa falamh smaoinich “**dad**” agus na cliuch dad.

Cluich gu mall, rèidh.

| | | | |
|---|---|---|---|
| 0 | 0 | 1 | 1 |
| do | do | do | do |

| | | | |
|---|---|---|---|
| 0 | 1 | 0 | |
| do | do | do | dad |

| | | | |
|---|---|---|---|
| 0 | 0 | 1 | 1 |

| | | | |
|---|---|---|---|
| 0 | 1 | 2 | |

 Smaoinich “**do**”

 Smaoinich “**dad**” agus na cliuch dad.

Cluich gu mall, rèidh.




# Bha uan aig Màiri

Cluich A agus an uair sin B gun stad.

A

| | | | |
|---|---|---|---|
| 0 | 1 | 2 | 1 |

| | | | |
|---|---|---|---|
| 0 | 0 | 0 | |

| | | | |
|---|---|---|---|
| 1 | 1 | 1 | |

| | | | |
|---|---|---|---|
| 0 | 0 | 0 | |

B

| | | | |
|---|---|---|---|
| 0 | 1 | 2 | 1 |

| | | | |
|---|---|---|---|
| 0 | 0 | 0 | 0 |

| | | | |
|---|---|---|---|
| 1 | 1 | 0 | 1 |

| | | | |
|---|---|---|---|
| 2 | | | |

A



B



## NOTA 3

| |
|---|
| - |

Smaoinich **'cùm.'**
Cùm an nota sa bhogsa roimhe sin agus dèan i aon bhuille nas fhaide.

Cluich gu mall:

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 1 | 2 | 3 | - | 1 | 2 | 3 | - |
| do | do | do | cùm | do | do | do | cùm |



## NOTA G



𝅗𝅥 (**minim**) Tha **minim** a'maireachdainn **2 bhuille**.
Smaoinich '**do**, **cùm**'.

Cluich gu mall:




## PORT MÈARRSAIDH ERLEND

*©Fran Gray*

Cluich A B C D gun stad

| | | | |
|---|---|---|---|
| 0 | - | - | - |
| do, | cùm, | cùm, | cùm |

Tha an nota seo a' maireachdainn 4 buillean.



𝅝 do, cùm, cùm, cùm Semibrìbh

Tha an nota seo a' maireachdainn 4 buillean.

A

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 1 | 1 | 1 | 1 | 1 | 2 | 3 | - |
| 2 | 2 | 3 | 2 | 1 | - | - | - |

B

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 1 | 1 | 1 | 1 | 1 | 2 | 3 | - |
| 2 | 2 | 2 | 1 | 2 | - | - | - |

C

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 3 | 3 | 3 | 3 | 1 | 2 | 3 | - |
| 3 | 3 | 3 | 3 | 1 | 2 | 3 | - |

D

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 1 | 1 | 1 | 1 | 1 | 2 | 3 | - |
| 2 | 2 | 1 | 2 | 3 | - | - | - |



## Nota 4

Cluich

| | | | |
|---|---|---|---|
| 1 | 2 | 3 | 4 |



## Nota F#



Cluich



---

## Nota 5

Cluich

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| 1 | 2 | 3 | 4 | 5 |



## Nota E



Cluich



---

## Nota 6

Cluich

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| 1 | 2 | 3 | 4 | 5 | 6 |



## Nota D



Cluich



# Priobadh, priobadh, rionnag bheag

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 6 | 6 | 2 | 2 | 1 | 1 | 2 | - |
| 3 | 3 | 4 | 4 | 5 | 5 | 6 | - |
| 2 | 2 | 3 | 3 | 4 | 4 | 5 | - |
| 2 | 2 | 3 | 3 | 4 | 4 | 5 | - |
| 6 | 6 | 2 | 2 | 1 | 1 | 2 | - |
| 3 | 3 | 4 | 4 | 5 | 5 | 6 | - |




# Katie Bairdie

Sa phort seo tha **3 buillean anns gach bàr**.
Seo nota 3-buillean :

↓

| | | |
|---|---|---|
| **1** | - | - |

do cùm cùm

Cluich an nota fad 3 buillean.

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| 2 | - | 1 | 2 | - | 3 |
| 4 | - | 3 | 2 | - | - |

do cùm cùm

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| 5 | - | 4 | 3 | - | 4 |
| 5 | - | 4 | 3 | - | - |

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| 2 | - | 1 | 2 | - | 3 |
| 4 | - | 3 | 2 | - | - |
| 6 | - | - | 4 | - | 6 |
| 5 | - | - | 6 | - | - |

Sa phort seo tha **3 buillean anns gach bàr**.
Seo nota 3-buillean :

'S e **minim dotagach** a th' innte



Cluich an nota fad 3 buillean. do cùm cùm






# Còrd-briste

Lorg dithis charaidean is cluichibh nota an duine.

A' chiad duine nota 6 (D)
An dàrna duine nota 4 (F#)
An treas duine nota 2 (A)



Ma chluichear na notaichean aig an aon àm, cluinnidh tu **còrd**, agus bu chòir dha a bhith glè bhinn.
(Cluich notaichean 6, 5 agus 4 (D, E agus F#) aig an aon àm agus chan eil am fuaim cho tlachdmhor!
Cha dèan na trì notaichean sin còrd math idir. Tha iad a' dèanamh fuaim ris an can sinn **eas-sheirm**.
A-nis cluich notaichean 6, 4 agus 2 (D, F# agus A), chan ann aig an aon àm ach às dèidh a chèile. A' dèanamh sin, tha thu a' cluich **còrd-briste** no ***arpeggio***. Leat fhèin, chan urrainn dhut **còrd** a chluich air an fhìdeig ach thèid agad air **còrd-briste** a chluich bhon a tha na notaichean a' tighinn às dèidh a chèile.
Tha e glè dhoirbh dà mheòir a thogail aig an aon àm no an cur sìos aig an aon àm.
Airson fàs nas fheàrr air sin a dhèanamh, cluich na ceithir pìosan seo a-rithist is a-rithist:

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 6 | 4 | 2 | - | 6 | 4 | 2 | - |
| 2 | 4 | 6 | - | 2 | 4 | 6 | - |
| 6 | 4 | 2 | 4 | 6 | 4 | 2 | - |
| 2 | 4 | 6 | 4 | 2 | 4 | 6 | - |



Cluinnear an còrd-briste seo ann an iomadh port. Seo aonan aca.

## An còineachan

*(traidiseanta)*

**Tha 3 buillean anns gach bàr**

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| **6** | **-** | **6** | **4** | **-** | **4** |
| **2** | **-** | **2** | **4** | **-** | **-** |
| | | | do, cùm cùm | | |
| **2** | **-** | **2** | **4** | **-** | **-** |
| **2** | **-** | **4** | **5** | **-** | **-** |
| 6 | - | 6 | 4 | - | 4 |
| 2 | - | 2 | 4 | - | - |
| 6 | - | 6 | 5 | - | 4 |
| 5 | - | 5 | 6 | - | - |

**Tha 3 buillean anns gach bàr**



# Notaichean nas giorra

**Tha dhà-ann-am-bogsa** a' ciallachadh gum feum thu an dà nota a chluich an taobh a-staigh aon bhuille. Feumaidh tu na notaichean sin a chluich dà thuras nas luaithe na nota 1-bhuille. Is e notaichean leth-bhuille a th' annta.

Smaoinich 'do' airson nota 1-bhuille.
Smaoinich 'dabba' airson dà nota leth-bhuille.

Cluich –

| | | | |
|---|---|---|---|
| 1 | 1 | 1 1 | 1 |

*Cuimhnich*

| | | | |
|---|---|---|---|
| do | do | dabba | do |

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| | 1 | 1 1 | 1 | 2 | 2 | 2 2 | 2 |

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 3 3 | 3 | 2 2 | 2 | 1 1 | 2 2 | 3 | - |

(do cùm)

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 3 2 | 3 2 | 1 2 | 1 2 | 3 3 | 3 3 | 3 | - |

 2 chuèbhear

Cluich **an dà nota** seo an taobh a-staigh **aon bhuille**.
Tha iad dà thuras nas luaithe na nota 1-bhuille.
Is e notaichean leth-bhuille a th' annta.

Smaoinich 'do' airson nota 1-bhuille. 
Smaoinich 'dabba' airson dà nota leth-bhuille. 

Cluich -



*Cuimhnich:* do do dabba do



do do dabba do do do dabba do



(do cùm)



*Cuimhnich:* **`do, cùm'** *airson* ***minim.***

# The wee yin's waltz

*© Ian Lowthian*

Chan eil am port seo a' tòiseachadh air a' bhuille làidir (buille 1). Tha e a' tòiseachadh air suas-bhuille ron bhàr-loidhne – an treas buille ann am bloigh de bhàr. Coimhead air deireadh a' phuirt is chì thu am bloigh eile den bhàr! Chan eil càil a dhìth sa phort. 'S e **anacrusis** a chanar ri tòiseachadh mar seo air suas-bhuille.

A

| | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|
| 65 | 4 | 2 | 2 | 12 | 4 | - |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| 5 | 6 | 5 | 4 | - |

| | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|
| 65 | 4 | 2 | 2 | 1 | 2 | 4 |

| | | | | |
|---|---|---|---|---|
| 5 | - | - | - | - |

do, cùm, cùm, cùm, cùm

 'S e **snaim** a chanar ris an loidhne lùbte seo. Tha i a' ceangal an dà nota ri chèile agus a' dèanamh aonan mhòr dhiubh.

 Tha snaim a' dèanamh aon nota 6-buillean den dà nota seo!

A




do, cùm, cùm, cùm, cùm

# The wee yin's waltz... a' leantainn

*© Ian Lowthian*

**B**

65 | 4 | 2 | 2 | 12 | 4 | -

5 | 6 | 5 | 4 | -

65 | 4 | 2 | 2 | 5 | 4 | 4

6 | - | - | - | - | -




**C**

2 | 1 | 1 | 2 | - | -

2 | 1 | 1 | 2 | -

65 | 4 | 2 | 2 | 1 | 2 | 4

5 | - | - | - | -




**D**

65 | 4 | 2 | 2 | 12 | 4 | -

5 | 6 | 5 | 4 | -

65 | 4 | 2 | 2 | 5 | 4 | 4

6 | - | - | - | -



## Nota Àrd

## 6 (6')



## Nota Àrd

## D (D')



Tha dà dhòigh air an nota seo a chluich:

1. Cuir sìos na sia meuran, a' dùnadh nan toll gu lèir. **Sèid beagan nas làidire na an àbhaist**. Cluinnidh tu nota nas àirde.

'S e dreach nas àirde a th' ann de nota 6.
Sgrìobhaidh sinn i mar 6'.



'S e dreach nas àirde a th' ann de nota 6.
Sgrìobhaidh sinn i mar 6'.



2. Tog meur aon. Sèid beagan nas làidire na shèideadh tu airson nota 6 (D).
Gheibh thu nota 6' (D'), mar a fhuair thu gu h-àrd, ach bidh i nas pongaile agus nas fheàrr a thaobh gleus.

---

Cleachd an dàrna dòigh seo air 6' (D') a chluich, gach uair as urrainn dhut, ach feuch an dà dhòigh anns an eacarsaich seo.

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 6 | 6' | 6 | 6' | 6 | 6' | 6 | - |




'S e sreath de notaichean a tha a' dol suas no sìos, ceum air cheum, a tha ann an **sgèile**.
Tha an sgèile seo, an sgèile D màidsear, a' tòiseachadh agus a' crìochnachadh air an nota D (6).

Faodaidh tu a-nis an sgèile D màidsear a chluich. (a' dol suas)

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 6 | 5 | 4 | 3 | 2 | 1 | 0 | 6' |

An rud a thèid suas thig e a-nuas!

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 6' | 0 | 1 | 2 | 3 | 4 | 5 | 6 |

Faodaidh tu a-nis an sgèile D màidsear a chluich. (a' dol suas)



An rud a thèid suas thig e a-nuas!



Faodaidh tu a-nis nota eile a chur ris a' **chòrd-bhriste** agad. (Faic td 13)

| | | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 6 | 4 | 2 | 6' | 2 | 4 | 6 | - | - |



# Caol Muile

A

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| 22 | 2 | 4 | 2 | 2 | - |
| 22 | 1 | 2 | 4 | 2 | - |
| 22 | 1 | 2 | 1 | 6’ | 6’ |
| 4 | 5 | - | - | - | - |



AIR NEO




B

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| 65 | 4 | 4 | 4 | 4 | - |
| 5 | 6 | 6 | 6 | 6 | - |
| 65 | 4 | 2 | 4 | 5 | - |
| 5 | 6 | - | - | - | - |






AIRSON

6’ D’



# A' ceangal

Gu ruige seo tha thu air a bhith a' teangachadh gach nota. Tha seo gan dèanamh nas pongaile. Ach, nuair a bhios sinn a' bruidhinn, no a' seinn, cha bhi sinn idir a' cur toiseach làidir, pongail, air gach facal. Bidh faclan a' ruith ri chèile ann an dòigh nàdarrach, rèidh, mar gum biodh iad air an **ceangal** ri chèile. Ach ma bhios facal àraid cudromach, bidh sinn ga fhuaimneachadh nas **pongaile** na càch.

Nuair a bhios daoine sgìth, bidh an cainnt a' fàs **ceangailte**. Bidh a h-uile facal, mar gum biodh, ceangailte ris an ath fhear agus cha bhi e furasta na tha iad ag ràdh a leantainn. Tha cainnt anns a bheil measgachadh de fhaclan **ceangailte** agus de fhaclan **pongail** nas fhasa a leantainn.

Tha an aon rud fìor mu cheòl. Nuair a bhios sinn a' cluich air an fhìdeig, feumaidh cuid de notaichean a bhith nas pongaile na cuid eile, 's mar sin, bidh sinn gan **teangachadh**. An fheadhainn nach fheum a bhith pongail, cha bhi sinn gan teangachadh idir ach gan ruith às dèidh a chèile gu siùbhlach no, mar a chanas sinn, gan **ceangal**. Ma bhios sinn ag iarraidh gum bi notaichean ceangailte ri chèile, bidh sinn gan ceangal le loidhne lùbte.

Chan fheum thu ach **a' chiad nota** de sheat ceangailte a theangachadh, agus an uair sin, **leigeil leis na notaichean eile a tha fon loidhne lùbte ruith gun teangachadh agus gun bheàrnan eatarra.**

Ach cuimhnich, chan urrainn dhut dà nota a cheangal ach nuair a tha iad de **dhiofar phitsichean**. Ma bhios dà nota den aon phitse ceangailte le loidhne lùbte, is e **snaim** a chanas sinn ri sin agus bidh sin a' dèanamh aon nota mhòr den dà nota. (Faic td 14, `wee yin's waltz'). Beachdaich air an notaireachd gus gum bi fios agad far am faod thu **ceanglaichean** a chluich. Ach, tha do roghainn fhèin agad mu cheanglaichean – chan fheum thu an cluich mura togair thu fhèin.

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 6 | 5 | 4 | 3 | 2 | 1 | 0 | 6' |
| 6 | 5 | 4 | 3 | 2 | 1 | 0 | 6' |
| 6 | 5 | 4 | 3 | 2 | 1 | 0 | 6' |
| 6 | 5 | 4 | 3 | 2 | 1 | 0 | 6' |



A-nis feuch ris gach loidhne a chluich bho deireadh — a' dol sìos an sgèile an àite suas.

# Coulter's candy

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 6 | 4 | 2 | 2 | 12 | 31 | 2 | - |
| 6 | 4 | 2 | 2 | 3 | 4 | 5 | - |
| 6 | 4 | 2 | 2 | 12 | 31 | 2 | - |
| 6 | 4 | 2 | 4 | 5 | - | 6 | - |



# Fòghnan na h-Alba

*(port mèarrsaidh)*

Cluich A B A B C D C D

Feumaidh tu a h-uile càil eadar na bàr-loidhnichean àraid seo a chluich dà thuras. 

A

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| : 6 | 5 | 3 | - | 3 | 1 | 3 | - |
| 3 | 5 | 6 | - | 6 | 5 | 6 | - |
| 3 | 2 | 1 | - | 2 | 3 | 6’ | - |
| 3 | 1 | 2 | - | 2 | 1 | 2 | - |

B

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 6 | 5 | 3 | - | 3 | 1 | 3 | - |
| 3 | 5 | 6 | - | 6 | 5 | 6 | - |
| 3 | 2 | 1 | 6’ | 1 | 6’ | 6 | - |
| 1 | 2 | 3 | - | 3 | 2 | 3 | - : |

*(a-rithist)*

C

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| : 3 | 2 | 1 | - | 1 | 6’ | 1 | - |
| 2 | 3 | 5 | - | 5 | 3 | 6 | - |
| 3 | 2 | 1 | - | 2 | 3 | 6’ | - |
| 3 | 1 | 2 | - | 2 | 1 | 2 | - |

D

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 6 | 5 | 3 | 2 | 1 | 6’ | 1 | - |
| 2 | 3 | 5 | 3 | 5 | 3 | 6 | - |
| 3 | 2 | 1 | 6’ | 1 | 6’ | 6 | - |
| 1 | 2 | 3 | - | 3 | 2 | 3 | - : |

*(a-rithist)*

A




B




*(a-rithist)*

C




D




*(a-rithist)*

# O, gin I were where the Gadie rins

*(ruidhle traidiseanta)*

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 35 | 6 | 65 | 3 | 32 | 1 | 1 | 1 |
| 23 | 1 | 1 | 1 | 23 | 2 | 2 | 12 |
| 35 | 6 | 65 | 3 | 32 | 1 | 1 | 1 |
| 23 | 6’ | 6 | 6 | 54 | 3 | - | - |




# Kate Dalrymple

*(ruidhle traidiseanta)*

Cluich A B  A B

A

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| : 6 | 64 | 5 | 54 | 6 | 64 | 5 | 54 |
| 6 | 6’ | 12 | 34 | 5 | 2 | 4 | 6 |
| 6 | 64 | 5 | 54 | 6 | 64 | 5 | 54 |
| 6 | 6’ | 12 | 34 | 5 | 2 | 4 | 6 |

B

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 2 | 21 | 23 | 43 | 2 | 6’ | 2 | 4 |
| 2 | 6’ | 4 | 6’ | 2 | 6’ | 2 | 4 |
| 3 | 13 | 4 | 24 | 5 | 54 | 23 | 45 |
| 6 | 6’ | 12 | 34 | 5 | 2 | 4 | 6: |

*(a-rithist)*






## An ruitheam dhotagach

Tha dotag às dèidh nota ga dèanamh leth nas fhaide a-rithist. Anns an eisimpleir a leanas tha an dotag às dèidh nota aon-bhuille ga h-atharrachadh gu nota buille gu leth. 'S e nota leth-bhuille a th' anns an nota às dèidh na dotaig. Gu lèir, mairidh iad fad dà bhuille.

| | |
|---|---|
| 1 | .1 |

do – oo-by




Can '**ooby-do**' grunnan thursan. Èist ris an ruitheam. A-nis can e an rathad eile — '**do-ooby, do-ooby'** msaa. Seo fuaim na ruitheim dhotagaich.

## Skye boat song

*(traidiseanta)*

Cluich A A B (leis a' chiad deireadh) B (leis an dàrna deireadh) A A

A

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| : 6 | . 5 | 6 | 3 | - | 3 |

do – oo-by do do , hold do

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| 2 | . 1 | 2 | 6' | - | - |

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| 1 | . 2 | 1 | 5 | - | 5 |

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| 6 | - | - | - | - | - : |

Fine *(a-rithist)*

B

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| :1 | .3 | 1 | 1 | - | - |

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| 2 | .5 | 2 | 2 | - | - |

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| 3 | .5 | 3 | 3 | - | 3 |

A' chiad deireadh

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| 5 | - | - | - | - | -: |

An dàrna deireadh

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| 5 | - | - | 6 | - | - |

D.C. al fine
(air ais chun
an toisich)

A




B




D.C. al fine
(air ais chun
an toisich)

An dèidh **B** leis an dàrna deireadh cluich earrann A a-rithist dà thuras.

# Bonnie George Campbell

| | | | |
|---|---|---|---|
| 4 .4 5 | 6 4 2 | 1 .2 1 | 2 - - |
| 6' .0 1 | 2 4 6 | 5 .4 6 | 5 - - |
| 4 .4 5 | 6 4 2 | 1 .3 1 | 2 - - |
| 6' .0 1 | 2 4 6 | 5 .4 5 | 6 - - |




# O mìorbhail gràis

Ma bhios 3 notaichean ann am bogsa mar seo 123 , no ma bhios 3 notaichean leth- bhuille ceangailte mar seo  bidh iad den **aon fhaid** agus, uile-gu-lèir, mairidh iad **1 bhuille.**
Canaidh sinn **trìrinn** ris an t-seata seo

**1 2 3**

Smaoinich - **did-dle-dy**



Smaoinich - **did-dle-dy**

| | | |
|---|---|---|
| 63 | 3 - 123 | 1 - |
| 2 | 3 - 5 | 6 - |
| 63 | 3 - 123 | 1 - |
| 21 | 6' - - | - - |
| 16' | 6' - 123 | 1 - |
| 2 | 3 - 5 | 6 - |
| 63 | 3 - 123 | 1 - |
| 2 | 3 - - | - - |



# The silver lapwing

*(© Fran Gray)*



Chithear a' churracag gu tric an Arcaibh. Ma bhios i ann an cunnart bho chreachadair, èiridh i air an iteig gu sgiobalta 's gu dàn le sgreuch sgreadail agus gluaisidh i air falbh bhon nead aice, an dòchas gun lean an creachadair i gus nach èirich cron sam bith do na h-iseanan aice (no do na h-uighean aice).

A

| | | | | | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 6 | 5 | 4 | 2 | - | - | 6 | 5 | 4 | 1 | - | - |

| | | | | | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 6 | 5 | 4 | 2 | - | 4 | .5 | 6 | 6 | - | - | |

| | | | | | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 6 | 5 | 4 | 2 | - | - | 4 | 2 | 1 | 6' | - | |

| | | | | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 6 | 4 | 5 | - | - | - | - | 6 | 5 | - | - |

B

| | | | | | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 6 | 5 | 4 | 2 | - | - | 6 | 5 | 4 | 1 | - | |

| | | | | | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 6 | 5 | 4 | 2 | - | 4 | .5 | 6 | 6' | - | - | |

| | | | | | | | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 0 | 1 | 2 | - | 4 | - | 4 | 2 | 1 | 4 | - | - | - | - |

| | | | | | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 1 | - | 3 | - | 3 | 1 | 0 | - | - | - | 1 | 0 |

C

| | | | | | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 6' | - | 6 | - | 5 | 4 | 545 | 6 | - | - | - | - |

